# COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

## COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CANAN

**COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CÀNAN**

**MINUTE OF THE MEETING HELD IN THE COUNCIL CHAMBER, COUNCIL OFFICES, STORNOWAY ON MONDAY 25 FEBRUARY 2019 AT 2.00 PM**

**PRESENT**
Mr John A Maciver (Chairman)
Mr Alasdair Macleod (Vice Chairman)
Mr Uisdean Robertson(By VC Link)
Mr Iain A Macneil (By VC Link)
Mr Finlay Cunningham
Mr Norman A Macdonald
Mr Donald F Crichton

**APOLOGIES**
Mr John Mackay
Mr Gordon Murray
Mr Kenneth Macleod

**IN ATTENDANCE**
Mrs Doileag Macleod
Mr Bernard Chisholm
Mr Joe Macphee
Mr Norman Macdonald
Mr Colin G Morrison
Ms Peigi A Scott
Mr Derek Mackay
Mrs Marion Macleod

**WELCOME**

The Chairman welcomed Mr Donald Weir back from his secondment with Bòrd na Gàidhlig and congratulated him on achieving his PhD in E-Publishing in Gaelic.

**MINUTES**

1 The Minute of Meeting of 25 February 2019 was **approved**.

2 **Declaration of Interest**

The Chairman declared an interest in item 8 as he was a Board Member of Fèisean nan Gàidheal and left the meeting during consideration of this matter.

Mr Uisdean Robertson declared an interest in Items 7 and 8 as he was a Member of Fèisean nan Gàidheal and Ùrachadh Uibhist.

**COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CÀNAN**

**GEÀRR-CHUNNTAS NA CHOINNEIMH A CHAIDH A CHUMAIL ANN AN SEÒMAR NA COMHAIRLE, OIFISEAN NA COMHAIRLE, STEÒRNABHAGH, AIR DILUAIN 25 GEARRAN 2019 AIG 2.00 F**

**AN LATHAIR**
Mgr. Iain A MacÌomhair (Cathraiche)
Mgr. Alasdair MacLeòid (Iar-chathraiche)
Mgr. Uisdean MacDhonnchaidh
Mgr Iain A MacNèill
Mgr. Fionnlagh Coineagan
Mgr. Tormod A Dòmhnallach
Mgr Dòmhnall F Crichton

**LEISGEULAN**
Mgr Iain MacAoidh
Mgr Gòrdon Moireach
Mgr Coinneach Macleòid

**AN LÀTHAIR**
Bh-Ph Doileag NicLeòid
Mgr Bernard Siosalach
Mgr Joe Mac a' Phì
Mgr Tormod Dòmhnallach
Mgr. Cailean G Moireasdan
Bh Peigi A Scott
Mgr. Derek MacAoidh
Bh-Ph Mòr Nicleòid

**FÀILTE**

Chuir an Neach-cathrach fàilte air ais air Mgr Dòmhnall Weir an dèidh ùine obrach còmhla ri Bòrd na Gàidhlig agus chaidh meala-naidheachd air dha Ollamhachd a chosnadh ann an e-foillseachadh ann an Gàidhlig.

**GEÀRR-CHUNNTASAN**

1 Chaidh **aontachadh** ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 25 Gearran 2019

2 **Clàradh Uidh**

Chlàr an Neach-cathrach ùidh ann an cuspair 8 mar Bhall air Bòrd Fèisean nan Gàidheal agus dh'fhàg e a' choinneamh rè beachdachadh air a' chuspair seo.

Chlàr Mgr Uisdean MacDhonnchaidh ùidh ann an cuspairean 7 agus 8 mar Bhall de Fèisean nan Gàidheal agus Ùrachadh Uibhist.

**GAELIC LANGUAGE PLAN**

3 Comhairle's Draft Gaelic Language Plan 2018-2022 Review of Progress: Education, Skills and Children's Services

The Chief Executive submitted a Report which detailed the progress being made by Education, Skills and Children's Services Department in terms of the Comhairle's Gaelic Language Plan 2018-2022. The Report stated that the Comhairle's Plan for 2018-22 was the third iteration of the Comhairle's Gaelic Language Plan, the Comhairle had undertaken an extensive review of the targets, outcomes and progress of the 2012-17 Plan. The Plan for 2018-22 was still awaiting final approval from Bòrd na Gàidhlig. Appendix 1 of the Report contained details in tabular form of the progress of implementation of the draft Gaelic Plan in terms of the Education, Skills and Children's Services Department's areas of responsibility.

**It was agreed to recommend that the Comhairle note the Report.**

4 Comhairle's Draft Gaelic Language Plan 2018-2022 Review of Progress: Communities Department

The Chief Executive submitted a Report which detailed the progress being made by the Communities Department in terms of the implementation of the Comhairle's Gaelic Language Plan 2018-22. The Report stated that the Comhairle's Plan for 2018-22 was the third iteration of the Comhairle's Gaelic Language Plan, the Comhairle had undertaken an extensive review of the targets, outcomes and progress of the 2012-17 Plan. The Plan for 2018-22 was still awaiting final approval from Bòrd na Gàidhlig. Appendix 1 of the Report contained details in tabular form of the progress of implementation of the draft Gaelic Plan in terms of the Communities Department's areas of responsibility.

**It was agreed to recommend that the Comhairle:**

**(1) note the Report; and**

**(2) invite Highlands and Islands Enterprise to attend the next meeting to provide an update on HIE support for the Gaelic Language.**

**PLANA CÀNAIN GÀIDHLIG**

3 Sgrùdadh Adhartais Dreachd Plana Cànain Gàidhlig na Comhairle 2018-2022: Foghlam, Sgilean agus Seirbheisean Chloinne

Thugadh fa-near Aithisg leis an Ard-oifigear a' mìneachadh don Chomhairle an adhartas agus buaidh buileachadh Plana Gàidhlig na Comhairle 2018-2022. Mhìnich an Aithisg gur e Plana na Comhairle airson 2018-22 an treas ath-thriall de Phlana Gàidhlig na Comhairle, agus bhathar air mòran sgrùdaidh a dhèanamh air targaidean, buaidhean agus adhartas Plana 2012-17. Tha Plana 2018-22 fhathast a' feitheamh ri aontachadh bho Bhòrd na Gàidhlig. Ann am fa-sgrìobhadh 1 den Aithisg mion-chunntas ann an cruth clàr de dh'adhartas air buileachadh dreachd Plana Gàidhlig a thaobh dleastanasan Roinn an Foghlam, Sgilean agus Seirbheisean Chloinne.

**Chaidh aontachadh moladh gun deidheadh an Aithisg a thoirt fa-near.**

4 Sgrùdadh Adhartais Dreachd Plana Cànain Gàidhlig na Comhairle 2018-2022: Roinn nan Coimhearsnachdan

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thugadh fa-near Aithisg leis an Ard-oifigear a' mìneachadh don Chomhairle an adhartas a thathar Roinn nan Coimhearsnachdan a' dèanamh a thaobh buileachadh Plana Gàidhlig na Comhairle 2018-22. Mhìnich an Aithisg gur e Plana na Comhairle airson 2018-22 an treas ath-thriall de Phlana Gàidhlig na Comhairle, agus bhathar air mòran sgrùdaidh a dhèanamh air targaidean, buaidhean agus adhartas Plana 2012-17. Tha Plana 2018-22 fhathast a' feitheamh ri aontachadh bho Bhòrd na Gàidhlig. Ann am fa-sgrìobhadh 1 den Aithisg mion-chunntas ann an cruth clàr de dh'adhartas air buileachadh dreachd Plana Gàidhlig a thaobh dleastanasan Roinn nan Coimhearsnachdan.

**Chaidh aontachadh moladh:**

**(1) an Aithisg a thoirt fa-near; agus**

**(2) cuireadh gu Iomairt na Gàidhealtachd `s nan Eilean chun ath choinneamh gu fios a thoirt seachad air taic na buidhne dhan Ghàidhlig.**

5 Comhairle's Draft Gaelic Language Plan 2018-2022 Review of Progress: Finance, Assets and Resources

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report which detailed the progress being made by the Communities Department in terms of the implementation of the Comhairle's Gaelic Language Plan 2018-22. The Report stated that the Comhairle's Plan for 2018-22 was the third iteration of the Comhairle's Gaelic Language Plan, the Comhairle had undertaken an extensive review of the targets, outcomes and progress of the 2012-17 Plan. The Plan for 2018-22 was still awaiting final approval from Bòrd na Gàidhlig. Appendix 1 of the Report contained details in tabular form of the progress of implementation of the draft Gaelic Plan in terms of the Finance, Assets and Resources areas of responsibility.

**It was agreed to recommend that the Comhairle note the Report.**

5 Sgrùdadh Adhartais Dreachd Plana Cànain Gàidhlig na Comhairle 2018-2022: Ionmhas, So-mhaoin agus Stòras

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thugadh fa-near Aithisg leis an Ard-oifigear a' mìneachadh don Chomhairle an adhartas a thathar a' dèanamh a thaobh Plana Gàidhlig na Comhairle 2018-22 a thoirt gu buill. Mhìnich an Aithisg gur e Plana na Comhairle airson 2018-22 an treas ath-thriall de Phlana Gàidhlig na Comhairle, agus bhathar air mòran sgrùdaidh a dhèanamh air targaidean, buaidhean agus adhartas Plana 2012-17. Tha Plana 2018-22 fhathast a' feitheamh ri aontachadh bho Bhòrd na Gàidhlig. Ann am fa-sgrìobhadh 1 den Aithisg mion-chunntas ann an cruth clàr de dh'adhartas air buileachadh dreachd Plana Gàidhlig a thaobh dleastanasan Ionmhas, So-mhaoin agus Stòras.

**Chaidh aontachadh moladh gun deidheadh an Aithisg a thoirt fa-near.**

**APPLICATIONS FOR FINANCIAL ASSISTANCE**

**IARRTASAN AIRSON TAIC AIRGID**

6 Application for Financial Assistance: Cuach na Cloinne 2019

The Chief Executive submitted a Report detailing an application for financial assistance from Comunn na Gàidhlig (CnaG). The Report stated that the application sought funding of £4,000 towards the costs of organising the "Cuach na Cloinne" annual national football competition for Gaelic speaking primary school children across Scotland, including teams from Western Isles schools.

**It was agreed to recommend that the Comhairle approve that the sum of £4,000 be awarded to Comunn na Gàidhlig towards the cost of the Cuach na Cloinne 2019 competition, on such terms and conditions as the Chief Executive should determine.**

6 Iarrtas Airson Taic Airgid: Cuach na Cloinne 2019

Thugadh fa-nar Aithisg leis an Àrd-oifigear a' sireadh aonta ri maoineachadh bho Comunn na Gàidhlig (CnaG). Mhìnich an Aithisg gun robhar a' sireadh £4,000 de mhaoineachadh airson cosgaisean an luib farpais bhliadhnail ball-coise "Cuach na Cloinne" a chur air dòigh do sgoilearan Gàidhlig aig ìre na bun-sgoile air feadh Alba, a toirt a-steach sgiobaidhean bho sgoiltean air feadh na h-Eileanan an Iar.

**Chaidh aontachadh moladh gun deidheadh sùim de £4,000 aontachadh is a thoirt seachad do Chomunn na Gàidhlig cosgaisean farpais Cuach na Cloinne 2019 a choinneachadh, air teirmean agus cùmhnantan air an dearbhadh leis an Ard-oifigear.**

Mr Uisdean Robertson declared an interest in the following item but remained in the meeting during discussion of this item.

Chlàr Mgr Uisdean MacDhonnchaidh ùidh sa chuspair a leanas ach dh'fhuirich e sa choinneamh rè beachdachadh air a' chuspair seo.

7 Application for Financial Assistance: Ùrachadh Uibhist

The Chief Executive submitted a Report detailing an application for financial assistance from Ùrachadh Uibhist. The Report stated that application sought funding of £6,545 as a grant to Ùrachadh Uibhist towards the costs the provision of Gaelic learner classes throughout the year as well as a summer programme of events showcasing the Gaelic language, culture and traditions of the Western Isles and specifically Uist.

**It was agreed to recommend that the Comhairle approve that the sum of £2,870 be awarded to Ùrachadh Uibhist on such terms and conditions as the Chief Executive shall determine.**

7 Iarrtas Airson Taic Airgid: Ùrachadh Uibhist

Thugadh fa-nar Aithisg leis an Àrd-oifigear a' sireadh aonta ri maoineachadh bho Ùrachadh Uibhist. Mhìnich an Aithisg gun robhar a' sireadh £6,545 mar thabhartas gu Ùrachadh Uibhist, airson cosgaisean a tha an lùib clasaichean luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a sholar fad na bliadhna, a bharrachd air prògram samhraidh làn thachartasan mu na Gàidhlig, cultar agus traidiseanan na h-Eileanan Siar, gu h-àraidh Uibhist.

**Chaidh aontachadh moladh gun deidheadh sùim de £2,870 aontachadh agus a thoirt seachad do Ùrachadh Uibhist, air teirmean agus cùmhnantan air an dearbhadh leis an Ard-oifigear.**

The Chairman declared an interest in the following item and left the meeting during discussion of this item.

Mr Uisdean Robertson declared an interest in the following item and remained in the meeting during discussion of this item.

8 An Lanntair Ltd, Taigh Chearsabhagh Trust, Ceòlas Uibhist Ltd, Hebridean Celtic Festival Trust, Fèisean nan Gàidheal Revenue Funding 2019/20.

Report by Director for Communities

A Report was submitted by the Director of Communities for consideration of revenue funding bids from the Hebridean Celtic Festival, Fèisean nan Gàidheal and Ceòlas Uibhist for 2019/20. The Report stated that the Sustainable Development Strategic Member Officer Working Group considered a Report on Service Redesign savings on 7 February 2019 and supported the option for a 25% reduction across all the organisations receiving annual revenue support under the existing Service Level Agreements.

**It was agreed to recommend that insofar as the interests of the Committee were concerned that the Comhairle, subject to the satisfactory conclusion of one year Funding Agreement for 2019/20 approve:**

**(1) £20,306 to the Hebridean Celtic Festival Trust (£16,031 from the Economic Development Funds Budget, £4,275 from the Sgioba na Gàidhlig Revenue Budget);**

**(2) £11,200 to Fèisean nan Gàidheal (£4,800 from the Economic Development Funds Budget, £6,400 from the Sgioba na Gàidhlig Revenue Budget), to be devolved to seven Outer Hebrides Fèisean; and**

**(3) £7,897 to Ceòlas Uibhist (£3,385 from the Economic Development Funds Budget, £4,512 from the Sgioba na Gàidhlig Revenue Budget).**

Chlàr an Neach-cathrach ùidh anns a' chuspair a leanas, agus dh'fhàg e a' choinneamh rè beachdachadh air a' chuspair seo.

Chlàr Mgr Uisdean MacDhonnchaidh ùidh sa chuspair a leanas ach dh'fhuirich e sa choinneamh rè beachdachadh air a' chuspair seo.

8 Maoineachadh teachd-a-steach 2019/20 An Lanntair Ltd, Urras Taigh Chearsabhagh, Ceòlas Uibhist Ltd, Urras Fèis Cheilteach Innse Gall agus Fèisean nan Gàidheal.

Aithisg le Stiùiriche nan Coimhearsnachdan

Thugadh fa-near Aithisg le Stiùiriche Choimhearsnachdan breithneachadh air iarrtasan maoineachaidh teachd-a-steach bho Fèis Cheilteach Innse Gall, Fèisean nan Gàidheal agus Ceòlas Uibhist airson 2019/20. Mhìnich an Aithisg gun do bheachdaich Buidheann Obrach Ball Obrach Leasachadh Seasmhach Ro-Innleachdail air Aithisg Ath-dhealbhachadh Sheirbheisean mu shàbhaladh air 7 Gearran 2019 agus chur iad taic ri lùghdachadh de 25% thairis air nam buidhnean a tha a' faighinn taic bliadhnail fo Aonta Inbhe Seirbheis.

**Chaidh aontachadh moladh far an robh ùidh aig a' Chomataidh, gun deidheadh na suimean a-leanas am pàigheadh an dèidh co-dhùnadh air Aonta Maoineachadh 2019/20:**

1) **£20,306 gu Urras Fèis Cheilteach Innse Gall (£16,031 bho bhuidseat Maoin Leasachadh Eacanomaigeach, £4,275 bho Bhuidseat Thabhartasan Sgioba na Gàidhlig);**

2) **£11,200 gu Fèisean nan Gàidhlig (£4,880 bho bhuidseat Maoin Leasachadh Eacanomaigeach, £6,400 bho Bhuidseat Thabhartasan Sgioba na Gàidhlig) airson leasachaidh gu seachd Fèisean sna h-Eileanan Siar; agus**

3) **£7,897 gu Ceòlas Uibhist (£3,385 bho bhuidseat Maoin Leasachadh Eacanomaigeach, £4,512 bho bhuidseat Teachd-a-steach Sgioba na Gàidhlig).**